

A' gabhail pàirt ann am prògraman

Tha e ceadachd do neach obrach no ball a bhith a' gabhail pàirt ann am prògram telebhisein maoinichte le MG ALBA fhads a chumas iad ri na cùmhnantan a leanas:

- Ma tha i no e gu bhith air beulaibh camara gun phàigheadh gu bheil seo ceadachd fhads
 - a nithear follaiseach nach eil i no e a' riochdachadh MG ALBA; no
 - ma tha i no e gu bhith a' riochdachadh MG ALBA gu bheil iad air cead sgrìobhte fhaighinn bhon Àrd-Oifigear (luchd obrach) no bhon Chathraiche (buill); agus
- Ma tha i no e gu bhith fo chùmhnannt chompanaidh riochdachaidh nithear follaiseach:
 - nach eil i no e a' riochdachadh MG ALBA;
 - gu bheil seo air a cheadachadh ro làimh ann an sgrìobhadh leis an Àrd-Oifigear (luchd obrach) neo leis a' Cathraiche (buill);
 - nach do ghabh i no e pàirt idir ann a bhith a' coimiseanadh phrògraman (luchd obrach) no a' cruthachadh poileasaidh phrògram (buill) no a' measadh soirbheachas a' phrògram no prògraman eile san aon ghnè (luchd-obrach is buill)
- Anns an àbhaist cha bu choir do luchd-obrach MG ALBA a bhith fo chùmhnannt chompanaidh riochdachaidh maoinichte le MG ALBA. Ma tha, gu neo àbhaisteach, cead sgrìobhte air a thoirt seachad, a bharrachd air na cùmhnantan gu h-àrd bu chòir dhan neach ùine dheth gun phàigheadh a gabhail agus fios a nochdadh gu buill a' Bhùird, aig a bheil saorsa bacadh a chur air a' chùmhnannt.
- Bu chòir Buill gnothach dearbhte a nochdadh aig coinneamhan a' Bhùird no Comataidhean a' Bhùird agus a rèir toil a' Bhùird an t-seòmar fhàgail nuair a tha deasbad ga chumail air a' ghnè no air a' phrògram no air a' chompanaidh riochdachaidh aig a bheil i no e fo chùmhnannt, no gun phàirt a gabhail san deasbad.
- Thèid an gnothach a chlàradh ann an clàr ghnòthaichean dearbhte.